

AN ASGAIDH !

An Gàidheal Ùr

A' RIOCHDACHADH NA COIMHEARSNACHD GHÀIDHLIG

Fon 01851 706877 Facs 01851 706467

An Lùnasdal, 2006

www.an-gaidheal-ur.co.uk

Aireamh 105

Taobh a-staigh
pàipear na mìos
seo:



"Blas" air an fhèis

duilleag 6



A' toirt aithne dha
ceòl na pioba

duilleag 3

A' lorg sùil tharraingeach air saoghal na Gàidheal

Tha Colmcille air co-fharpais dhealbhadh-chamara fhoillseachadh a tha a' tabhann duais luach £2,000.

'S e "Saoghal nan Gàidheal" an t-ainm a th' air a' cho-fharpais a tha ag amas air dealbhan a thàladh bho Ghàidhealtachdan na h-Alba is na h-Eireann. Thèid a' cho-fharpais a chumail fosgailte gus an t-Sultain agus chithear taisbeanadh de na dealbhan aig Oireachtas na Gaeilge 2006 ann an Doire.

'S e iomairt ùr a th' anns a' cho-fharpais dhealbhadh-chamara aig Colmcille anns am bi earrannan airson òigridh is inbhich. Tha a' cho-fharpais fosgailte do dhealbhadairan neo-phroifeiseanta agus daoine a tha ag iarraidh a bhith nan dealbhadairan, agus bu chòir dealbhan a bhith stèidhichte air beatha Ghàidhealtachdan na h-Alba is na h-Eireann.

'S e a' chiad duais airson earrann nan inbheach £2,000, £750 airson an dàrna duais agus £500 airson an treas duais. Bidh ciad agus dàrna duais ann do dh'òigridh, 's iad sin £500 is £250.

Chaidh Colmcille (a b' àbhaist a bhith fon ainm Iomairt Cholm Cille) a stèidheachadh ann an 1998 le riaghaltasan Bhreatainn is na h-Eireann leis an amas a bhith cuideachadh le brosnachadh an dualchais Ghàidhlig coitcheann a tha aig Eirinn a Tuath, Alba agus Poblachd na h-Eireann.

Mar phàirt de a' bhaile a bhith brosnachadh cheanglaichean eadar Gàidheil na h-Alba is na h-Eireann, bualaidh a' cho-fharpais dhealbhadh-chamara



Natasha Ni Ghairbeith bho Gaoth Dobhair ann an Dun na nGall, a' bhuannaich duais "Miss Ireland", agus i ag ullachadh airson farpais dealbh-chamara Colmcille.

seo air cruth-tìre Gàidhlig na dà dhùthcha.

Thuir Deirdre Nic an tSionnaigh, ceannard Colmcille, gun robh: "Colmcille a' coimhead airson dealbhan a ghlacas beòthalachd, beairteas agus

curomachd nan daoine agus nan cruthan-tìre a gheibhear ann an Gàidhealtachdan dualach, dùthchail agus san fheadhainn ùra a th' anns na bailtean mòra ann an Alba is ann an Eirinn.

"Bu chòir seo a bhith na chothrom miorbhaileach dhan h-uile dealbhadair neo-phroifeiseanta aig a' bheil ùidh ann an dualchas Gàidhlig na Gàidhealtachd."

Cudromach gun tèid guth an t-sluaigh a chluinntinn aig coinneamhan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Thèid sreath de choinneamhan a chumail sna seachdainean a tha romhainn a thar an dùil a bhios nam bun-stèidh airson leasachadh a' chànan san àm ri teachd a dhealbh.

Tha Bòrd na Gàidhlig an dòchas beachdan a' mhòr-shluaigh fhaighinn air a' phlana nàiseanta aca. Tha na molaidhean a-nise air an dealbhadh agus thèid am foillseachadh nas fhaide air a' mhìos.

Tha dùil gum bi am plana air leth cudromach ann an iomairt a' chànan oir bidh e na bhun-stèidh air an obair a bhios ma choinneimh a' bhùird sna bliadhnan ri teachd.

Thatar a' sùileachadh gum bi am plana a' dealbh an t-slighe air adhart gu nàiseanta gus an cànan

a neartachadh agus barrachd luchd-labhairt a chruthachadh.

Tha e mar dhleastanas air a' Bhòrd fo Achd na Gàidhlig am plana nàiseanta a chruthachadh agus thathar an dùil gum bi buidhnean poblach is prìobhaideach gu mòr an sàs ann. Mairidh gach plana còig bliadhna as dèidh co-chomhairle phoblach agus aonta fhaighinn bho mhinistearan na h-Alba.

Thuir ceannard Bòrd na Gàidhlig, Ailean Caimbeul: "Tòisichidh co-chomhairle phoblach air an dreach de Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus an dreach air stiùireadh air planaichean Gàidhlig air 14mh Lùnastal, agus mairidh an co-chomhairle trì mìosan. Tha an dreach plana nàisean-

ta a' moladh prìomhachasan agus innleachdan leasachaidh, agus tha cothrom aig a' h-uile duine barail a thoirt air na molaidhean sin agus air brosnachadh is leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig an Alba.


"Tha am Bòrd an dòchas gun gabh caraidean na Gàidhlig uile an cothrom an cuid bheachdan a chur air adhart, agus às an sin gun tig plana nàiseanta air am bi aonta agus aig am bi taic chunbhalach.

"Tha an dreach air stiùireadh air planaichean Gàidhlig a' toirt mholaidhean dha buidhnean poblach gu sònraichte, ach bidh e cuideachd feumail dha buidheann sam bith, a thaobh mar a dh'fhaodas iad planaichean Gàidhlig a dheasachadh.

"Thèid coinneamhan poblach a chumail air feadh na dùthcha gus na molaidhean a tha sna dreachan seo a mhineachadh dha daoine, agus le còmhraidh mun deidhinn bidh daoine nas deiseile gus beachdan foirmeil a chur a-staigh air a' cho-chomhairle. Tha na coinneamhan a' tòiseachadh ann an Steòrnabhagh air 21mh Lùnastal, agus tha sinn an dòchas farsaingeachd bheachdan a chluinntinn."

Faodaidh daoine beachdan a chur a-staigh ann an sgrìobhadh no tron làraich-lìn aig www.bord-na-gaidhlig.org.uk.

**TOG
FEAR
AN-DIUGH
AN ASGAIDH**





Am pìobaire clùiteach Fred Moireasdan a bha a' cluiche aig an fhèis

Fèis phìobaireach a thatar an dòchas a leanas gu tachartas mòr an ath bhliadhna

Chaidh fèis phìobaireachd a chumail ann an Inbhir Nis a thatar an dòchas a leanas gu tachartas mòr an ath bhliadhna mar phàirt de fhèis Ghàidhealtachd 2007. Chaidh an tachartas a chumail seachdain Disathairne-sa chaidh (29mh Iuchar) agus thatar an dòchas a leudachadh gu mòr an ath bhliadhna nuair a bhiosar a' comharrachadh cultar na sgìre. Thàinig mòran dhaoine a chluinntinn na bha dol air adhart le mòran luchd-turais a' fuireach fad an là. Bha òraidean is seiseanan ciùil rin cluinntinn a' mìneachadh eachdraidh ceòl na pìoba agus chaidh leabhar ùr "Piping Song" a chur air bhog le Aonghas Mac a' Phi bhon Eilean Sgitheanach. Aig cuirm na h-oidhche chualar am pìobaire ainmeil Fred Moireasdan agus gu leòr iomraiteach eile, nam measg Aong-

has MacNeacail, pìobaire òg Sgitheanach aig a bheil fìor sgilean cluiche. Thuirt Dòmhnall Mac a' Ghobhainn, a chuidich leis an tachartas a chur air chois: "B' e là agus feasgar mìorbhaileach a bha seo agus tha sinn air leth taingeil don fheadhainn a chuidich gus dèanamh cinnteach gun robh e soirbheachail, mar Colaste na Pìobaireachd agus Ionad Nàiseanta na Pìobaireachd ann an Glaschu airson sàr chuideachadh agus do Fhèis Ghàidhealtachd 2007 agus Comhairle na Gàidhealtachd airson taic-airgid agus airson obair chruaidh comataidh na feise againn fhèin. "Bu mhath leam taing shònraichte às leth Comann Pìobaireachd Inbhir Nis a thoirt do Chalum MhicIlleathain bhon Eilean Sgitheanach airson a bhith

"Piping Live" a' toirt urram dhan Ghàidhlig

Cluinnear cuid de na luchd-ciùil Gàidhlig as fheàrr aig fèis mhòr eadar-nàiseanta a tha an-dràsta a' dol air adhart ann an Glaschu. Tha fèis "Piping Live!" air a bhith a' dol airson trì bliadhna agus an-uiridh thàinig 25,000 duine chun an tachartais gus blas fhaighinn air ceòl na pìoba. Bha an fhèis a' ruith bhon 7mh chun 13mh. Bha an consairt le na seinneadairean Gàidhlig air a' chiad oidhche dhen fhèis a' faighinn taic bhon Mòd Nàiseanta Rìoghail agus am measg na bha seinn bha Calum Ailig Mac a' Mhaoilein, Kathleen Nic Aonghais agus an còmhlan "Dàimh".

Tha mòran thachartasan gan cumail air feadh a' bhaile mar phàirt dhen fhèis, le Cèrnag Sheòrais am meadhan a' bhaile na mheadhan air na tha dol air adhart.

Thuirt oifigear leasachaidh a' Mhòid, Murchadh Moireasdan: "Tha an fhèis air i fhèin a chruthachadh gu luath mar prìomh thachartas nàiseanta is eadar-nàiseanta agus tha am Mòd fìor thoilichte taic a thoirt dha tachartas na bliadhna.

"Tha gach cuid am Mòd Nàiseanta Rìoghail is Piping Live a' faighinn taic bho bhuidhnean mar EventScotland nan oidhirpean ann a bhith togail luchd-èisteachd eadar-nàiseanta agus seach gu bheil am Mòd na phàirt de Piping Live cuidichidh sin gus aire nam mìltean de dhaoine a tha tighinn a Ghlaschu a tharraing chun Mhòid."

na fhear-taighe agus airson na taic agus a' bhrosnachaidh a thug e dhuinn ga thoirt còmhla."

Lean e air: "Bhiodh e gun chiall nam biodh pìobaireachd air fhàgail à Bliadhna Chultarail na Gàidhealtachd agus feumar dèanamh cinnteach gu bheil inbhe àrd aice anns a' chomharrachadh."

Faic beachd duilleag 9



Na sgoilearan a bhuannaich an farpais agus an tarta'n tarraingeach aca

Sgoilearan Siorrachd Rois a' buannachadh farpais tartain

Bhuannaich bun-sgoil ann an Siorrachd Rois farpais airson tartan ùr a chruthachadh a thèid a chleachdadh mar phàirt de Bhliadhna Chultarail na Gàidhealtachd 2007.

B' e tartan nan sgoilearan bho Bun-sgoil Mhaol Buidhe ann an Eilean Dubh a chaidh ainmeachadh mar an tartan a b' fheàrr agus thèid an clò aca a-nis a chleachdadh gu bitheanta aig fèis mhòr na h-ath bhliadhna.

Thuirt ceannard na sgoile, Shona NicFhionghuin: "S e urram mòr a tha seo dhuinne — tha a' chlànn gu mòr a' coimhead air adhart ris.

"Chaidh a chur mu choinneimh

na cloinne air clasaichean còig, sia is seachd an tartan aca fhèin a dhealbhadh mar phàirt de phròiseact a bha iad a' dèanamh mu na Seumasaich, a' phrìomh amas a bha aca gum bu chòir don tartan buntainn ri sgìre Mhaol Bhuidhe.

"Ghabh mi fìor iongnadh cho math 's a bha dealbhadh nan sgoilearan, bha e mìorbhaileach agus ghabh iad ris le làn dealais."

Thèid an tartan ùr a-nis a chlàradh fo Chlàr Saoghal nan Tartan Albannach.

"Chaidh dhuinn fìor mhath leis a' phròiseict agus fhuair sinn air gach pàirt den iomairt a cheangal ri curraicealam na sgoile,"

thuirt Shona. "Chleachd sinn matamataig airson na snàthainn a chumtadh, chaidh feadhainn de na sgoilearan a-nall dha na Hearadh airson an clò fhaicinn ga dhèanamh ann an dòigh traidiseanta, agus bha sin freagarrach airson eachdraidh, agus chleachd sinn freumhan nàdarach aig là saidheans airson dath a chur air a' chlàimh."

Thèid an tartan a chleachdadh am measg stuthan oifigeil na feise, ach gheibhear a cheannachd tron sgoil le bhith fònadh 01349 861289. Tha e cosg £18.50 gach meatair.

Cathraiche ùr CalMac a' gabhail na dreuchd aig àm inntinneach

Thòisich cathraiche ùr Chaledonian Mhic a' Bhriuthainn, Peadar Timms, na obair aig toiseach na mìos seo.

Tha e air a bhith air bòrd-stiùiridh na companaidh airson sia bliadhna agus e fuireach air Eilean Bhòid. Tha e a' gabhail a-nall bhon Ollamh Harold Mills agus leanaidh an teirm aige trì bliadhna.

Thuirt Mgr Timms: "S e amannan duilich a tha seo dhan chompanaidh ach tha mi cinnteach gu bheil an t-eòlas a fhuair mi thairis air na sia bliadhna

mu dheireadh còmhla ri CalMac, an cois an tagraidh airson seirbheasan nan Eilean-a-Tuath a bhuannachadh, gu bhith air leth feumail ann a bhith coinneachadh ri na tha mur coinneimh.

"Tha làn earbsa agam gu faigh ar luchd-obrach air na h-iartrasan ùra sin a choinneachadh agus gun gabh iad ri na h-atharrachaidhean. Tha fios agam cuideachd gu bheil mòran taic againn am broinn lionradh nan eilean dham bheil sinn a' toirt seirbheis. Tha e an urra ris a' chompanaidh gu

lèir obrachadh còmhla airson tagraidhean làidir a chur a-staigh airson na seirbheasan againn fhèin a bhuannachadh."

B' àbhaist dha Mgr Timms a bhith ag obair dha Thorn EMI ann an Lunnainn agus dha IBM ann an Grianais. Bha e air bòrd-stiùiridh Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus tha e an-dràsta air bòrd-stiùiridh Iomairt Earra-Ghàidheil is Bhòid.

Tha cathraiche CalMac ag obair pàirt-ùine, còrr air aon là san t-seachdain, agus e a' faighinn tuarastal luach £25,937.



Oisean na Pàrlamaid

Deasbad Heather

Thèid deasbad eadar-nàiseanta a chumail anns a' phàrlamaid airson breithneachadh air mar tha blàthachadh na cruinne ag atharrachadh na side.

'S e Heather Reid, a tha ainmeil mar tè-aithris aimsire air a' BhBC, a bhios anns a' chathair agus cluinnear eòlaichean bho air feadh an t-saoghail.

Tha an tachartas a' tighinn mar phàirt de Fèis nam Poileataigs a thatar a' chumail mar phàirt de Fhèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann, a tha a' ruith fad na mìos ann am prìomh bhaile na dùthcha.

Buaidh Chùil Lodair

Cuideachd mar phàirt de Fèis nam Poileataigs thèid sùil a thoirt air dè a' bhuaidh a bh' aig batal Chùil Lodair air Alba gu lèir.

'S e seo am batal mu dheireadh a chaidh a chur air mòr-thìr Bhreatainn nuair a

sheas na Seusamaich, leis a' Phrionnsa Teàrlach os an cionn, an aghaidh arm is riaghaltais Shasainn.

Thèid òraid a thoirt seachad air Disathairne 25mh le Don Snow, a bhios ag aithris air a' phrògram "Battle Britain".

Beachdan an t-sluaigh

Tha a' pàrlamaid a' sireadh bheachdan air na bilean a leanas: Bile Taghaidhean nam Bòrd Slàinte (Alba); Bile Tuathanachas-uisge agus Iasgaich (Alba); Bile Malairt Latha na Nollaig agus Latha na Bliadhna Ùire (Alba); Bile Còmhhdhail is Obraichean (Alba); Bile Taic agus Dion Inbheach (Alba)

Gheibhear pàipearan co-chomhairleachaidh uile na pàrlamaid air làrach-lìn na Pàrlamaid aig www.scottish.parliament.uk/gaidhlig/vl-consult.htm.



Heather Reid

Tha na pàipearan co-chomhairleachaidh seo uile rim faighinn anns a' Ghàidhlig.

An d' fhuair sibh Cothrom?



An ràitheachan do luchd-ionnsachaidh is luchd-taice na Gàidhlig

Gheibhear e le ballrachd ann an Clì Gàidhlig

www.eli.org.uk; eli@eli.org.uk; 01463 226710

Seachdain nan teaghlaichean a' cur ri bhith cruthachadh dachaigh Ghàidhlig

Thàinig pàrantan sgoilear-an Gàidhlig bho air feadh na h-Alba còmhla aig Sabhal Mòr Ostaig gus Gàidhlig ionnsachadh tro chùrsa a bha a' toirt a' chothraim do dhaoine dachaigh agus àrainneachd Ghàidhlig a chruthachadh don chloinn.

Mar thoradh air mar a tha an àireamh de sgoilearan Gàidhlig air a dhol am meud o chionn ghoirid, bha barrachd is barrachd phàrantan ann aig nach robh Gàidhlig ach a tha airson beagan a thogail.

Bha Seachdain nan Teaghlaichean aig a' cholaiste Ghàidhlig a' toirt a' chothraim sin dhaibh aig grunn irean agus b' urrainn do phàrantan an cuid cloinne a thoirt leotha.

Thuir Daibhidh Byrne, oifigear nan cùrsaichean goirid aig Sabhal Mòr Ostaig: "Fhad 's a bha na h-inbhich sna clasaichean, bha a' chlann ri dibhearsain agus spòrs san sgoil ionadail tron sgeama-cluiche againn a bha sinn a' ruith fad na seachdain, agus bha an fheadhainn fo aois còig bliadhna a' dol gu Fàs Mòr, an t-ionad cùram chloinne againn ann an Slèite."

"Tha an cùrsa air fàs gu mòr thar nan trì bliadhna bhon thòisich e agus fhad 's a tha sgoilearan Gàidhlig mar Bun-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a' fàs, tha sin a' ciallachadh gu bheil barrachd iarrtais ann airson an seorsa cùrsa seo. Tha an t-seachdain a' còrdadh gu mòr ris a' chloinn agus ri am pàrantan. Agus thathar an dòchas gun cuir e ri bhith cruthachadh dachaigh agus àrainneachd Ghàidhlig dhan chloinn."

Lean Mgr Byrne air: "Tha mi toilichte gu bheil an cùrsa seo a' fàs nas soirbheachail gach bliadhna. 'S e cothrom uabhasach feumail a th' anns an t-seachdain



seo gu h-àraidh son pàrantan aig nach eil tòrr cothrom Gàidhlig a bhruidhinn is a chluinntinn ann an suidheachadh nàdarraich is cuideachail. A bharrachd air sin tha a' chlann fhèin air cothrom fhaighinn son Gàidhlig a chleachdadh le clann eile bho air feadh an àite."

'S e com-pàirteachas a th' anns a' chùrsa eadar Sabhal Mòr Ostaig agus Comhairle na Gàidhealtachd le cuideachadh bho Chomhairle Baile Ghlaschu, Comhairle Lannraig a Tuath, Comhairle Inbhir Chluaidh agus taic bhon bhuidhinn leasachaidh Community Learning and Development.

Tha na pàrantan a' faighinn taic airgid a phàigheas cuid de na

Chruinnich gus pàirt a ghabhail san iomairt

cosgaisean agus chan fheum iad dad a phàigheadh airson an sgeama-cluiche no Fàs Mòr.

Sgeama nan oileanach ga leudachadh

Fhuair oileanaich, luchd-ceumnachaidh agus luchd-fastaidh a tha an sàs ann an sgeamaichean samhraidh Chomunn na Gàidhlig cothrom a thighinn còmhla gus am beachdan a thoirt seachad orra.

Chaidh a' choinneamh a chumail ann an seòmar na Comhairle, Steòrnabhagh, agus bha i a' gabhail a-steach sgìre Leòdhais is na Hearadh.

Às leth na Comhairle chuir cathraiche fòram Gàidhlig nan Eilean Siar Tormod Dòmhnallach fàilte air na bha an làthair agus mhol e CnaG airson a bhith a' cruthachadh chothroman-obrach Gàidhlig a tha a' toirt buannachd dha oileanaich, daoine a th' air ùr-cheumnachadh agus dha caochladh bhuidhnean cuideachd.

Thuir Dòmhnall Màrtainn, Ceannard Chomunn na Gàidhlig: "Tha CnaG air leth toilichte le mar a tha na sgeamaichean againn air leudachadh gach bliadhna agus tha sinn gu sònraichte moiteil gun deach againn air barrachd dhreuchdan Gàidhlig a thabhachd dha oileanaich thar mìosan an t-samhraidh ann an 2006."

"Am-bliadhna chuir 49 oileanaich iarrtas thugainn airson àite air an Sgeama Greis Gnìomhachais agus as dèidh beagan sgrùdaidh chaidh 44 troimhe chun na h-ath ire. Shoirbhich le 28 greis gnìomhachais fhaighinn còmhla ri 20 buidhnean eadar-dhealaichte air feadh Alba.

"Tha sinn cuideachd toilichte gun deach againn air cuideachadh a thoirt dha deichnear oileanach eile gus obair samhraidh fhaighinn le diofar bhuidhnean Gàidhlig."

Clann Tuiric

frìolaidhean air leabhraichean

leabhraichean
leabhraichean-latha
leabhraichean *sgìre chais*

www.clanntuiric.co.uk

fios@clanntuiric.co.uk 01877 376 703

An Gàidheal Ùr

Ainm
Seòlath
Ostagh Postachd

	£20.00	
	£25.00	
Breatainn	£30.00	<input type="checkbox"/>
An Roinn-Eòrpa post-adhair	£35.00	<input type="checkbox"/>
Zone 1 post-adhair		<input type="checkbox"/>
Zone 2 post-adhair		<input type="checkbox"/>

Deànaibh seicean a-mach gu An Gàidheal Ùr mas e ur toil e.

Ainm Sgrìobhte.....

Tillibh seo gu: An Gàidheal Ùr, Taigh a' Mhorair Leverhuine, Ceàrnag Phearsabhal, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD

An Gàidheal Ùr

THA AN GAIDHEAL ÙR
A' GABHAIL SHANASAN
MU CHOMPANAIDHEAN,
SHEIRBHISEAN NO
THACHARTASAN

Cuiribh fòn
thugainn an-diugh!
01851 703487




RÙN CHOLMCILLE

"a bhith cuideachadh le brosnachadh an dualchais Ghàidhlig choitchinn (an cànan is an cultar) a tha aig Èirinn a Tuath, Alba agus Poblachd na h-Èireann"

Tha Colmcille a-nis a' sireadh iarrtasan airson tabhartasan taice gus an rùn seo a choileanadh. Cuirear fàilte air iarrtasan bho chomainn, bhuidhnean no bhuidhnean-gnìomha. Ceann-là airson iarrtasan 22mh an t-Sultain 2006. Gheibhear foirmichean-iarrtais agus stiùireadh ùr air iarrtasan bho www.colmcille.net

Airson tuilleadh fiosrachaidh:
Màiri S NicLeòid, Glennan, Garrabost, Eilean Leòdhais, HS2 0PL
Fòn: 07786134951
Post-d: colmcille.mairi@yahoo.co.uk



www.blas-festival.com

Blas

Fèis Chiùil na Gàidhealtachd
Celebrating Highland Music

1 gu 9 Sultain 2006

Sàr luchd-ciùil eadar-nàiseanta, nàiseanta agus ionadail
The best of international, national and local musicians

A-measg na bhios a' gabhail pàirt ...

Aly Bain & Phil Cunningham | Capercaillie
Blazin' Fiddles | Julie Fowlis Band
Fèisean Cèilidh Trailers | Fergie Macdonald
Michael McGoldrick | Fred Morrison
Catriona McKay & Chris Stout
Troy MacGillivray | Jarlath Henderson
Donald Black & Malcolm Jones | Beòlach
Bodega | Angus Grant | Back of the Moon
Rachel Newton | Margaret Stewart
Fiona & Eilidh Mackenzie | Roya McLean
Kenna Campbell | Mary Ann Kennedy
Wilma Kennedy | The Mackenzies of Mabou
Jenna Cumming | Anna Murray
Maeve MacKinnon | John MacDonald
Black Rose Cèilidh Band | Matheu Watson
Ruairidh Campbell | Gary Innes | Breabach
Còmhlán Luadhaidh Bhàideanach | Fionnar
Mike & Aly Vass | Duncan MacGillivray
Angus MacColl | Angus Nicolson
David MacLennan | Fiona MacAskill
Phoenix Honda Glasgow-Skye Pipe Band
Dingwall Gaelic Choir | The Occasionals
Darren MacLean | Sarah Naylor
The Graham Family | Còisir Òg Lochabair
Angus Grant Jnr | Malcolm Stitt

.... agus mòran a bharrachd

43 tachartasan air feadh na Gàidhealtachd ... feuch gum bi sibh ann!

Tiogaidean air-loidhne aig www.thebooth.co.uk
neo air fòn 01478 613649

www.thebooth.co.uk www.blas-festival.com

BÒRD NA GÀIDHEALG
RADIO SCOTLAND
The Blackland Centre
Highland 2007

Clydesdale Bank

Fèis chiùil “Blas” a' faighinn taic-argid bho bhanca

Tha Banca Dail Chluaidh air aontachadh taic-airgid a thoirt don Fhèis, Blas.

Bidh 43 tachartasan fo sgeith Blas air feadh na Gàidhealtachd eadar a' chiad agus an naoidheamh latha dhen ath mhios.

Mairidh an aonta seo co-dhiù dà bhliadhna agus thèid còrr air £20,000 a chur mu choinneimh na feise bhon Bhanca. Tha seo a' ciallachadh gum bi am Banca na phrìomh thaic choimearsalta aice agus gum bi inbhe àrd aige tron fhèis.

Tha taic a' bhanca air leth cudromach seach gu bheil 2007 air a chomharrachadh mar a' bhliadhna a chomharraicheas Alba cultar na Gàidhealtachd, cuirm gum bi Blas a' cur mòran, agus gu dearbha, tha an aonta seo leis a' Bhanca air tighinn mar thoradh air còmhraidhean eadar iad fhèin agus Manaidsear Ionmhais na Bliadhna Cultarail, Torcuil Macleòid.

Dh'èirich Fèis Blas à rùn Chomhairle na Gàidhealtachd feis ùr a chruthachadh a bhiodh cho beòthail 's a tha an fhèis Celtic Colours ann an Ceap Bhreatainn. An toiseach, bha an cudrom air còig àiteachain sa sgìre agus, am-bliadhna, chaidh dà àite eile a chur ris agus tha rùintean air bhonn airson tuilleadh leudachaidh ann an 2007, agus airson nam bliadhnaichean as dèidh sin.

Seach gu bheil mar a thèid le Blas a' crochadh gu ìre bhig co-dhiù air na gheibhear de luchd-taic coimearsalta, agus bho bhuidhnean poblach eile, tha an naidheachd bho Bhanca Dail Chluaidh air leth cuideachail.

A' bruidhinn às leth Blas, thuirt an Àrd Rìochdaire Art MacCarraig: “S e naidheachd mhiorbhaileach a tha an seo agus tha i mar an t-seòrsa naidheachd a leigeas le Blas fàs le misneachd. Cha robh teagamh againn riamh mu ar comas na tha seo de thachartasan a chur air bhonn airson Blas, ach cha b' urrainn dhuinn a bhith air a choileanadh le taic bhon sporran phoblach a-mhàin. Tha sinn airson a bhith adhartach agus airson Blas a dhèanamh mar phrìomh fhèis chiùil na Gàidhealtachd, agus tha taic Banca Dail Chluaidh gar toirt gu math nas fhaisge air an sin. Tha sinn deimhinne gun toir an taic-san misneachd do luchd-taic eile a dhol an sàs ann am fear dhe na tionnsgnaidhean as brosnachail ann an ceòl traidiseanta san dùthaich.”

A rèir Alan Holland, àrd-oifigeach aig Banca Dail Chluaidh air a' Ghàidhealtachd, tha a' chompanaidh air a dòigh leis an naidheachd seo. “Tha sinn air mòran a dhèanamh anns an dùthaich gu lèir gus pròiseactan coimhearsnachd a chuideachadh agus tha e cubhaibh gu bheil sinn a-nis ann an co-bhonn ri feis-chiùil a tha cho inntinneach agus cudromach air a' Ghàidhealtachd.”

Tha Alison Magee, na cathraiche aig Gàidhealtachd 2007. “Tha pàirt chudromach gu bhith aig Blas anns a' phrògram a tha san amharc againn airson na ath-bhliadhna. Tha e a' toirt toileachas dhuinn gu bheil Banca Dail Chluaidh air roghnachadh taic airgid a thoirt dhan

fhèis. Gu dearbh tha gnìomhachasan thall 's a-bhos air feadh na sgìre air a bhith gu math fialaidh agus cuiridh seo ris an fhèis san fharsaingeachd.”

Anns an eadar-ama, tha planaichean na bliadhna seo a' tighinn air adhart. Tha sgeama “Earlybird”, a bha a' tairginn prìsean nas ìsle dhaibh-san a cheannaicheadh na tiocaidean ro làimh, air a bhith eagalach fhèin soirbheachail le na ceudan a' gabhail brath air.

Cuideachd, thairis air a' mhios seo, tha Blas air a bhith a' sgaoiladh 100,000 bileag agus 70,000 leabhraan-fiosrachaidh. Nas cudromaiche buileach, tha clàr ro-iongantach air doigh air feadh na Gàidhealtachd dearbhte airson Blas na bliadhna seo.




Rhona Lightfoot, bho Uibhist, a' seinn dhan luchd-eisteachd



Bha na bràithrean Dòmhnallach nan tarraing mhòr aig an fhèis an-uiridh



Beòlach, còmhlán òg bho Canada



anLanntair

TAISBEANAIDHEAN

Bho 8 Iuchar
Gus Wylie: The Hebrideans
Taisbeanadh ais-sheallach den leabhar ainmeil seo

Bho 2 Sultain
Màiri Hedderwick: Katie Mòrag

TAIGH-DHEALBH

Filmichean ri thighinn: Thief Lord, Thank you for Not Smoking, Poseidon, Over the Hedge, Fearless, The New World, The Wind that shakes the Barley
FILMICHEAN SAN LÙNASTAL air: 11,15,16,17,23,26
FILMICHEAN SAN T-SULTAIN air: 13,14, 15, 16

TACHARTASAN BEÒ

Còmhlan Mark Saul
12 Lùnastal, £10, 9f
Pìobaire Astràilianach a' pòsadh ceòl dannsa eileagtronaigeach ris a' phìob-mhòr Ghàidhealach ann an seat sgairteil funcaidh
Dick Gaughan & Brian McNeill
18 Lùnastal, £10, 8f
Dithis de sheinneadairean dùthchail na h-Alba a' seinn san tachartas shònraichte seo ann an Leòdhas.

Kieran Halpen
19 Lùnastal, £7/6/5, 8f
Seinneadair /sgriobhadair òrain Èireannach air a chiad turas dhan Lanntair. Sgrìobhadair is seinneadair air leth a th' air moladh mòr fhaighinn.
Crash My Model Car
25 Lùnastal, £5, 9f
Air ainmeachadh roimhe mar Poor Old Ben

Our Small Capital
31 Lùnastal, 10f
Còmhlan ionadail.

30 Lùnastal - 2 Sultain
Tha Faclan, a' chiad Fhèis Leabhraichean Innse Gall, ag amas air cuid den tàlant a chomharrachadh agus air sgrìobhadairean is leughadairean a thoirt còmhla airson sgrìobhadh bho, is mu, Innse Gall fhoillseachadh..

Co-cheòltairean na h-Alba
6 Sultain, £10/8, 8f
Prògram de cheòl clasaigeach bho phrìomh cho-cheòltairean na h-Alba

01851703307
www.lanntair.com

CROFTERS COMMISSION
UGHDARRAS NAN CROITEARAN



Lùb a' Chaisteil, Inbhirnis IV2 3EQ
Fòn: (01463) 663450 Facs: (01463) 711820
Post-d: info@crofterscommission.org.uk
Lìon: www.crofterscommission.org.uk

Nobhail ùr Gàidhlig “Shrapnel” a’ dùsgadh mac-talla de “Trainspotting”

Leirmheas le Aonghas MacNeacail

Ma chanas mi nach bi an leabhar seo soirbh dhan h-uile leughadair fhaighinn a-staigh ann, chan ann idir ga dhì-mholadh a tha mi. Au contraire, mar a chanadh an t-ùghdar fhèin. ‘S e th’ann gu bheil e chan e a-mhàin sìubhlach ach sul-tach na bhriathrachas, na shamhlaidheachd, gu bheil e cur thairis le smuaintean lèirsineach, bàrdail agus spòrsail, ann an dòigh a chùim an leughadair seo an sàs, a’ tionndadh duilleag an dèidh duilleig airson fhaighinn a-mach dè bha dol a thachairt. Tha cuid dhen chainnt cho gnàthasach, ged- thà, agus is dòcha, cho ionadail, ‘s gu feum Sgitheanach bochd, bho àm gu àm, tilleadh air na tha e air leughadh, airson a bhith cinnteach. Ach is fhiach an oidhirp.

Bidh cuid dhen chainnt duilich, fiu ‘s ann an Nis, gu h-àraidh dhan fheadhainn dha bheil uiread de caractaran ri War and Peace anns an sgeul seo, ged nach eil i idir cho fada. Cha mhòr a h-uile ceann sràide is doras, is prìobadh sùla, tron tèid sinn, tha sinn buailteach eòlas a chur air creutair truaghan, cùis-uabhais no ceannairceach air choreigin. Tha e follaiseach gu bheil an guth-aithris ann an tearmann, daonnan an urra ri daoin’ eile, agus ma tha enogan laoinn an cois na comraich, ‘s ann is fheàrr buileach.

Tha an leabhar air a roinn anns na caibideilean; Donati’s, Infirmary, Dosser, Riach, Shrapnel, Snapshots, Sure by Tummel, agus OK Corral anns an leugh sinn pearsachan, raointean far a bheil, ‘s dòcha cobhair, ‘s dòcha cunnart, agus co-dhùnadh. Chan e John Sturges, a stiùir am fiolm sin as motha a tha a’ tighinn gu cuimhne san aithris seo, ach na fiolmaichean aig Robert Altman, leis an lionmhòrachd ghuthan nach eil, saoilidh sinn, buileach ag èisteachd ri chèile.

Co ris a tha sinn a’ coinneachadh? Anns a’ chiad anail, tha sinn ann an còmhlan Eòin Iosephus Mac a’ Phi agus Fatsboy Donati, aig a bheil ceangal ris an aitreann anns a bheil sinn, Donati’s. Ann an ùine ghoirid bidh Mac a’ Phi anns a’ Bhlack Bull, ann an còmhlan Beatrice agus a’ Chaillich Bhig, ach tha sinne fhathast a’ coimhead mun cuairt, is a’ faicinn an t-Sasannaich, “aig a’ chuntair, a shròin ann am pàipear”. A’ coimhead suas an cunntair, chithear “an duine a bha a’ gleidheadh na h-òige” agus Ella an Special Vat. A bharrachd or-rasan, chan eil sa bhàr ach An Uireasbhaidh Gnùis agus Murphy. Agus, thall san uinneig, William CBW Robertson. Tha tachartas an cuimhne CBW gar toirt an eòlas do O’ Reilly, Wee Sladh, Betty Colquhoun agus Veronica MacVie. Creutairean gu math borb, a rèir coltais.

An uair sin, tha sinn a’ cur seòrsa de dh’eòlas air an teaghlach Boag; a’ bhean aig Wee Billy, Edna agus an teaghlach aice. Tha Maria Carlotta, màthair Fatsboy a’ nochdadh anns a’ chidsin agus ainmean eile às a cuimhne.

Ach ma tha uilebheist anns an sgeul, tha fhios gur e bràmar air Edna Boag, an “detective-

sergeant, retired”, Walter (Shrapnel) Watson, air a shàthadh anns a’ chiad chaibideil, agus air thoir a’ chòrr.

Agus seo mar a tha an sgeul a’ leantainn, guth Leòdhasach an aithrisiche (“Jack Daniels”, no ‘s dòcha Mac an Leadharainn - MacLugran, mar a tha na poileis a’ dèanamh dheth) a’ teicheadh, bhon a tha sinn a’ tuigsinn gu bheil am fear a chaidh a leòn dhen bheachd gur esan a rinn am milleadh rud nach eil e a’ fhaighinn a-mach gus a bheil e a’ dùsgadh tro bhruadar is breisleach an làrna-mhàireach anns an Infirmary. Ann an seagh, ‘s ann aige seo a tha prìomh shruth na sgeòil a’ tòiseachadh, far a bheil sinn air a’ toirt air ais ann an cuimhne gu suidheachaidhean eile, far an do nochd fìor nàdar an t-sergeant Walter Watson (no Shrapnel) mus robh e “retired” agus na nàimhdean a chruinnich e.

Saoillear, uaireannan, gu bheil uiread de caractaran ri War and Peace anns an sgeul seo, ged nach eil i idir cho fada. Cha mhòr a h-uile ceann sràide is doras, is prìobadh sùla, tron tèid sinn, tha sinn buailteach eòlas a chur air creutair truaghan, cùis-uabhais no ceannairceach air choreigin. Tha e follaiseach gu bheil an guth-aithris ann an tearmann, daonnan an urra ri daoin’ eile, agus ma tha enogan laoinn an cois na comraich, ‘s ann is fheàrr buileach.

Tha an leabhar air a roinn anns na caibideilean; Donati’s, Infirmary, Dosser, Riach, Shrapnel, Snapshots, Sure by Tummel, agus OK Corral anns an leugh sinn pearsachan, raointean far a bheil, ‘s dòcha cobhair, ‘s dòcha cunnart, agus co-dhùnadh. Chan e John Sturges, a stiùir am fiolm sin as motha a tha a’ tighinn gu cuimhne san aithris seo, ach na fiolmaichean aig Robert Altman, leis an lionmhòrachd ghuthan nach eil, saoilidh sinn, buileach ag èisteachd ri chèile.

Agus, ged nach eil e leantainn cruth sgeòil clasaigeach, cleas Ulysses, tha caran dhen mhion-aidheachd agus an t-sruth moth-achaidh sa chruth a gheibhear ann an James Joyce. Tha na sgeallan de dh’òrain, sean agus ùr, Gàidhlig is Beurla, agus na frith-smuaintean a tha dùsgadh ann an inntinn an aithrisear a’ cur ri beòthalachd na h-innse.

Agus ann a bhith leigeil le na caractaran an sgeul innse, tha e a’ leantainn an aon cheum ri James Kelman, dha bheil e glè chudromach nach eil guth, no beachdan, an ùghdair a’ gabhail làmh an uachdair, nach bi smachd aig an “ùghdar mar Dhia” air an aithris. Tha an nobhail stèidhichte ann an Dùn Èideann, ann an ceàrnan nach eil ao-coltach ris an fheadhainn air an do thadhail Irvine Welsh ann an “Trainspotting”, ach gur e am botal seach an t-snàthad, a tha toirt buaidh air na caractaran.

Nan canadh sinn gu robh càirdeas aig a’ chiad nobhail iongantach a sgrìobh Tormod Caimbeul, “Deireadh an Fhoghair” ri “Malone Dies” le Samuel Beckett, chan eil sin idir ag ràdh gu robh an leabhar sin idir fo sgiath no fo sgàil an ùghdair iomraitich eile. Bha mac-meanmhain agus ealantas a’

Chaimbeulaich sinne gu làn a chomais ann a bhith dealbh saoghail choileanta tro bheatha thriuir sheann daoine nan iomallachd a-muigh air an dùthaich. A-nise, tha e air a dhol an sàs ann an àrainneachd gu tur eadar-dhealaichte, fo-shaoghal a’ bhàile mhòir, làn de mhìsgearan is mhèrlìch, far nach eil ach meamran tana eadar sith agus ainneart. Agus tha e air a’ n-ùidh agus ar n-aire a chumail air gach tachartas, math is dona, gu ceann thall na sgeòil iongantach seo a-rithist, gun co-fhaireachdainn a chall do ghràis far nach eil pearsa seach pearsa idir tlachdmhor dhuinn.

‘S e sgil àraid Thormoid Caimbeul a tha dearbhadh

nach iarr sinn fiu ‘s lide dhe na tha mu ar coinneimh a chall. Tha a ghnàthasachd cho beòthail, a fhrith-smuaintean cho tarraingeach anna fhèin, a chleasachd le facal, le smuaint, le suidheachadh, cho innleachdail ‘s nach iarr thu an leabhar a chur sìos. Ma rinn “Deireadh an Fhoghair” tòiseachadh cumhachdach do rosg-sgrìobhadh ar ginealaich, tha “Shrapnel” a’ toirt tionndadh deàrrsach ùr do litreachas nan Gàidheal.

Gheibhear an leabhar bho www.gaelicbooks.net no bho Chomhairle nan Leabhraichean fòn 0141 337 6211.

Shrapnel

1 Wee Sladh
2 Betty
3 Billy Boag
4 O'Reilly
5 Edna

Shrapnel - leabhar ùr Thormoid a' Ghàidheal. Nobhail ùr iongantach bho sgrìobhadair Deireadh an Fhoghair.

Fapas 6 176 duilleagan
CLJR, Follach 2006
93.93 ISBN 1 900901 25 9

Ri fhaighinn bho
CHOMHAIRLE NAN
LEABHRAICHEAN
FÒN 0141 337 6211

Ma, fheadhainn bho...
0141 337 6211
Comhairle nan Leabhraichean, 22 Mansfield Street, Glasgow G11 5DP

www.gaelicbooks.net


Tha An Gàidheal Ùr agus Comhairle nan Leabhraichean a’ toirt a’ chothroim dhuibh lethbhreac den leabhar ùr, “Shrapnel” a bhuanachadh. Tha còig rin toirt seachad uile gu lèir agus thèid an toirt don chiad chòignear a bheir dhuinn freagairt ceart air a’ cheist gu h-ìosal.

Càite a bheil an leabhar ùr aig Tormod Caimbeul stèidhichte?

a) Dubai
b) Dùn Èideann
c) Taigh Dhonnchaidh

Cuiribh fios thugainn aig:
An Gàidheal Ùr, Taigh a’ Mhorair
Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail,
Steòrnabhagh,
Eilean Leòdhais, HS1 2DD,
no cuiribh thugainn e air
post-dealain aig sanas@agu.org.uk

B’ e Eòin Kelly bho Inbhir Nis a bhuannaich an fharpais air a’ mhios a chaidh seachad airson tiocaidean gu fèis Belladrum.



8 An Gàidheal Ùr, An Lùnasdal 2006



Duilleag Na Camanachd

Teas a' tighinn gu samhradh na camanachd

Tha fhios againn a-nis gur iad Ceann a' Ghiuthsaich agus an Gearasdan a tha gu bhith anns a' Chuairt Dheireanaich de Chupa na Camanachd ann an Dùn Omhain an ceann beagan sheachdainean.

Cha robh e na iongnadh mòr sam bith gur iad an dà sgioba as fheàrr san dùthaich a th' air faighinn troimhe chun chuairt dheireanaich, agus tha sùilean saoghal na camanachd a-nis air baile Dhùn Omhain feuch de mar thèid dhan chamanachd, agus an uairsin dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail an ceann beagan sheachdainean an dèidh sin.

Tha an Gearasdan air an t-slighe a dhèanamh chun chuairt dheireanaich a-nis ceithir bliadhna air sreath a chèile agus seach gun do ghlèidh iad an cupa an-uiridh, bidh a h-uile dùil aca fhèin, mur bi aig leth de Bhàidneach, gur iad a ghlèidheas

a-rithist.

Ach tha daoine air a bhith ag ràdh gu bheil Ceann a' Ghiuthsaich agus an latha aca seachdadh son grunn bhliadhnaichean a-nis. Ach chan ann mar sin a tha idir agus tha an sgioba air sin a dhearbhadh uair is uair.

Bidh Comann na Camanachd tàmailteach mur nochd suas gu 5,000 neach anns a' bhaile son a' chuairt dheireanaich, agus tha cuid a' cumail a-mach gur e àireamh a tha sin nach gabh coileanadh. Ach ma bhios deagh shìde ann agus ma bheir daoine cothrom na Fèinne do na cluicheadairean a dhol ann feuch co ris a tha an suidheachadh coltach, co aige tha fhios nach tèid aig a' Chomann air sin a thoirt a-mach.

Chaidh ainmeachadh an t-seachdain seo gur e Ted Dòmhnallach à Baile Bhòid a tha gu bhith air ceann chùisean sa

ghèam mhòr. Gu dearbh cha bhì ro fhada aige-san ri siubhal agus e air an eilean a tha dìreach ri taobh Dhùn Omhain.

Chaidh ainmeachadh cuideachd an t-seachdain seo gur e Iain Gibson à Bail Ùr an t-Slèibh a tha gu bhith a' cumail a làmh air an stiùir mar Àrd Oifigear Comann na Camanachd gus an tèid Stiùiriche ùr fhastadh. Tha Mgr Gibson, a tha na Rùnaire air sgioba Chamanachd a' Bhail Ùir e fhèin ùr dhan ghnòthach 's gun cho fada sin bho thàinig e dh'fhuireach dhan sgìre. Ach mar-thà, tha e air a stamp fhèin a chur air cùisean agus nochd 400 gu latha sònraichte a chaidh a chur air dòigh sa Bhaile Ùr air an deireadh sheachdain, a shealltainn dè th' ann an saoghal na camanachd. Tha leasan an sin do gu leòr dhaoine agus sgìrean eile.

Fèis Marine Harvest Drochaid an Aonachain

Cruinnichidh a' mhor-chuid de shaoghal na camanachd gu Drochaid an Aonachain air an deireadh sheachdain seo agus Fèis Marine Harvest a' gabhail àite, le trì geamannan mòra, agus na duaisean bliadhnail gan toirt seachad.

Sna geamannan, a tha cudromach ann a bhith a' tomhais

cò na cluicheadairean 's dòcha a tha deiseil son a dhol a dh'Eirinn ro dheireadh na bliadhna son a' gheama eadar-nàiseanta, bidh sgiobaidhean bho Dheas is Thuath a' toirt an aghaidh air a chèile aig trì diofar irean — fo aois 21, àrd-ìre agus boireannaich.


Bha làmh an uachdair aig na fir bho Thuath an-uiridh sa

ghèam mhòr agus chaidh an gèam eadar na boireannaich gu slaicean peanais mus deach a rèiteach.

Bidh na camarathan an làthair bhon BhBC agus tha dùil gun tèid na dealbhan bho na geamannan a shealltainn oidhche Lùain seo tighinn air BBC1, bho 1135 feasgar gu 1215 sa mhadainn.



Bha gearm air leth inntinneach san Eilean Sgitheanach bho chionn ghoirid, nuair a rinn na h-eileanaich a chùis air Loch Abar 4-3. B'e seo a' chiad gheam a chiall Loch Abar (sna sriopan) bho thòisich an t-seusan



Tha Comann na Camanachd air dà thiocaid an-asgaidh a thoirt dhan Ghàidheal Ùr son Cuairt Dheireannach Cupa na Camanachd a thèid a chluich eadar an Gearasdan agus Ceann a' Ghiuthsaich ann an Dùn Omhain air 16mh dhen t-Sultain am-bliadhna.

Son na tiocaiden a bhuinnig, chan eil agaibh ach aon cheist gu math simplidh a freagairt agus 's e sin:

Dè a' bhliadhna anns an do ghlèidh sgioba Chamanachd an Eilein Sgitheanaich an Cupa?

Ma tha fios agaibh, chan eil agaibh ach am freagairt a chur chun Neach-Deasachaidh aig:


An Gàidheal Ùr
Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Ceòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD

Feumaidh na freagairtean a bhith againn an seo ro dheireadh na mìos. Agus thèid na tiocaiden an uairsin a chur thugaibh bho Chomann na Camanachd sa phost.

An Gàidheal Ùr

Glòir nan caman!

shinty.com



Beachd

A dh'aoidheoin gach adhartas teicneolais sinn fhathast làn dì-thuigse air mac an duine



Le Aonghas Pàdraig Cairmbeul

Am faca sibh *Google Earth* fhathast?

'S e mo charaid Caoimhin O Donaille a sheall dhòmhsa e, air a choimpiutair, agus tha treis on a chunna mi rud cho iongantach: chan eil agad ach Còd Post no seòladh air choreigin a thairpeadh a-steach air *Google Earth* agus ann am prìobhadh na sùla siud agad glòb an t-saoghail a' dol timcheall air do bheulaibh agus tha thu ag itealachadh sìos, mar iolair mhòr, gu àite sam bith a dh'ainmicheas tu.

Chuir mise steach *South Boisdale* agus siud mi ann an diogan a' faighinn sealladh air baile mo bhreith is m' àraich le camara a tha dol timcheall 180°, a' sealltainn dhomh Easabhail agus Leabhail agus Locha Throsaraidh air aon taobh, a-steach dhan bhaile fhèin sìos gu Ceabal Bhasdail agus Tràigh Orasaigh air an taobh eile.

Chuir mo bhean an uairsin a-steach na faclan Xian, seann phrìomh-bhaile Shìona far an robh i air turas o chionn còig bliadhna, agus a-rithist ann am prìobhadh na sùla siud agad an glòb a' dol timcheall agus ann am beagan dhiogan bha i ann an teas-mheadhan an t-seann bhaile àraidh sin.

Chì thu cuid dhen t-saoghal nas fhèarr na pàirtean eile, ceart gu leòr: tha an dealbh a chì thu a rèir an e dealbhan-saideil a chaidh a thogail, air neo dealbhan a chaidh a thogail nas fhaigse bho phlèana os cionn na dachaigh no a' bhaile. Tha na dealbhan a chaidh a thogail o na plèanaichean os cionn nam bailtean nas soilleire agus nas mionaidiche agus nas fhèarr, agus ged nach eil an saoghal gu lèir fhathast air a bhith air a dhèanamh mar sin, tha deagh chuid dheth, agus saoilidh mi nach bi fada a-bharrachd gus am bi an còrr dheth cuideachd.

Mar sin, buinidh an saoghal dhuinn uile, taing do *Google Earth*.

Fhad 's a bha mi a' coimhead an rud iongantach seo, bhuail e orm cho mòr 's a tha na h-adhartasan teicnigeach anns an t-saoghal a-nis an urra ri muinntir an airm. Fhad 's a thuingeas mise a' chùis, 's e luchd-an-airm a thòisich, bliadhnachan mòra air ais, air rannsachaidhean a dhèanamh a thaobh obair-saidealalan agus fònaichean-làimhe agus an rud ris an can sinn uile an-diugh an t-eadar-lìon.

'S e adhbharan armachd a bha aig cùl a' ghnòthaich. 'S e na Seannarailean agus an càirdean a d'èalbh an saoghal mar a tha e againn an-diugh, agus ma tha puist-dealain is eile againn uile an-diugh, faodaidh sinn a bhith taingeil (mas e sin am facal) do mhuinntir an airm airson nan leasachaidhean sin.

Nach uabhasach gur e adhbharan cogaidh (ris an can cuid sith) a tha stiùireadh ar saoghail. Nach eil e comasach dhuinn rannsachaidhean mòra a dhèanamh a thaobh sìobhaltais is slàinte is foghlaim is eile, gun adhbharan dìon a bhith air an cùlaibh? Nach àraidh an ìre gu

bheil na coimpiutairean agus iomadach nì eile a tha againn dìreach mar *by-products* air obair armachd.

Agus bha ceist eile orm fhad 's a bha mi a' coimhead na mìorbhail ud ris an can iad *Google Earth* a' dol timcheall orm air mo bheulaibh air a' choimpiutair agus b' e sin, "Carson idir a tha e ann? Carson idir a tha seo?"

O, tha fhios 'am gur e cur-seachad agus cleas glè inntinneach a th' ann facal mar "An t-Oban" no "Fearann Dòmhnail" no Còd-Post àraidh air choreigin a thairpeadh a-steach 's an uairsin an t-àite fhaicinn dìreach air do bheulaibh, ach dè idir a' bhuanachd a thig às an sin?

Thuir Caomhinn còir rium geta gun robh daoine a bha an dùil taigh a cheannach cheana a' cleachdadh *Google Earth* airson dealbh an ìre mhath coileanta fhaicinn air an sgìre far a bheil iad an dùil taigh a cheannach. Chan eil aca ach zoomadh a-steach gu meadhan baile, agus chì iad a bheil pàircean-cluiche, no sgoiltean, no amaran-snàimh no eile faisg air an taigh a tha iad an dùil a cheannach.

Claidheamh eile ma-tà ann an làimh Gaisgeach a' Chalpachais ann an saoghal mhòr Reic agus Ceannachd. Tha an saoghal gu lèir air a dhòl na chuibhreannan fearainn a tha sinn a' reic 's a' ceannach, agus mo thruaighe òirn air a shon sin.

Agus bha aon smuain eile agam fhad 's a bha mi a' coimhead air *Google Earth* a' roiligeadh timcheall air mo bheulaibh air an sgrìon agus 's e sin cho beag feum, a dh'aindeoin gach adhartais iongantach anns an teicneolas is eile, a tha sin air a bhith dha na truaghain bhochda anns an Lebanon.

A dh'aindeoin 's gu bheil sinn (a rèir chòlais) comasach air gach òirleach talmhainn a d'èalbhadh gu mionaidich, fhathast tha na bomaichean is na rocaidean a' sgaoileadh fad is farsaing a' sgrios 's a' murt 's a' marbhadh nam mìltean de neochiontaich, òg is sean.

Eil cuimhn' agaibh air a' bhreug mhòr a bh' aca aig aon àm mu "precision bombing" a' bhreug sin a bha luchd-

poileataigs agus luchd-airm ag innse gun robh comas teicnigeach aca a-nis bomaichean a leigeil às a dhèanadh gu mionaidich air an targaid air an robh iad ag amas, agus nach dèanadh cron sam bith air togalach no beathach no duine taobh a-muigh na targaid?

"Collateral damage" a bh' aca air an sgrìon a thachradh taobh a-muigh na targaid. Nuair a rachadh leanabh beag a reubadh às a chèile, dè bha sin ach "collateral damage"? Nuair a rachadh na fìcheadan de dhaoine neochiontach a marbhadh le boma ann am margaid a' bhaile, dè bha sin ach "collateral damage"? Nuair a rachadh na mìltean a marbhadh 's a sgiùrsadh às an dachaighean ri linn *air-raids* dè bha sin ach "collateral damage"?

Chan eil neach againn a chanas a leithid ri na tha sinn a' faicinn a' tachairt air ar beulaibh ann an Lebanon sna làithean seo.

Chan e teicneòlas a chuireas às do *collateral damage* ach tìr agus reusan. Chan e teicneòlas no armachd is sgrios is ionnsaighean a chuireas às do Hezbollah no do Israel ach am mì-thùr agus am mì-reusan a tha tighinn orra o gach taobh.

Chan e dealbhan-saideil no *Google Earth* a bheir dhuinn smachd agus sealb air an t-saoghal, ach tuinge cho beag agus a tha sinn uile anns a' chruinne-cè.

Nam faicheadh m' athair no mo sheanair *Google Earth*, nach e a bheireadh orra stad is smaoinichadh: ge brith cà 'am biodh iad san t-saoghal, ann am prìobhadh na sùla chitheadh iad ceann-a-deas Uibhist-a-Deas bho shealladh 180°.

Dìreach mar a tha e a' cur iongnadh orm fhìn, a' faicinn an t-saoghail mhòir cho beag air sgrìon a' choimpiutair, agus air a reubadh às a chèile air mo bheulaibh air sgrìon an telebhisein.

Chan e an saoghal a tha beag, ach sinne. Cha bhui an saoghal dhuinn agus chan eil sinn air a shealbhadh, mar mhaighstirean 's ann a tha sinn air fhaighinn mar dhileab phrìseil o ar sinnsirean agus o ar Dia, agus 's e Stiùbhardan an t-Saoghail agus

chan e Sealbhadairean an t-Saoghail a th' annainn uile.

Dè an seòrsa Stiùbhardachd a tha sinn a' dèanamh air, agus air na tha ann? Chan e a-mhàin gu bheil an Salmadair ag innse dhuinn gur "Ann le Dia an talamh, is a làn: an domhan 's na bheil ann", ach tha Sgrìobtar cuideachd a' cur cuideam mhòr òirn uile a bhith nar "deagh stiùbhardan".

"Thoir cumntas air do stiùbhartachd" thuir an duine saobhir ris an stiùbhard aige ann an Soisgeul Lucais, agus nan rachadh a' cheist sin cuideachd a chur òirne air mar a tha sinn a' làimhseachadh an t-saoghail phrìseil a chaidh a thoirt dhuinn agus tha dileab iongantach na Gàidhlig na mheasg ciomar dharribh a fhreagradh sinn?



bha aon smuain eile agam fhad 's a bha mi a' coimhead air *Google Earth* a' roiligeadh timcheall air mo bheulaibh air an sgrìon agus 's e sin cho beag feum, a dh'aindeoin gach adhartais iongantach anns an teicneolas is eile, a tha sin air a bhith dha na truaghain bhochda anns an Lebanon.



'S e inneal inntinneach a tha ann an *Google Earth*

Dealbh: *Google Earth*

An Gàidheal Ùr

Nach àraid an naidheachd sin a thàinig ma sgaoil bho chionn ghoirid gu bheil an t-arm a-nis a' moladh nach bu chòir an cuid phìobairean ach cluich airson 24 mìonaid gach latha aig a' char as fhaide. Nach truagh, mar a thuir am pìobaire ainmeil an Dotair Aonghas Dòmhnallach, nach dèanadh iad an aon mholadh nuair a thig e gu cogadh. "Nach biodh e math," thuir an Dotair Aonghas, "nam moladh iad do gach saighdear sgur a shabaid os dèidh 24 mìonaid gach là. Seall fhèin an diofar a dhèanadh sin anns an Lebanon is eile, seach a' ghòraiche sin mu phìobaireachd!"

Chan eil fianais sam bith gu bheil pìobaireachd a' milleadh do chlaisneachd, ach tha fianais gu leòr gu bheil pìobaireachd a' togail òirre an-dràsta, le òigridh air feadh na dùthcha a-nis a' togail na pìoba agus ga cleachdadh nas trice agus nas trice mar phàirt nàdarra de bhuidhnean-ciùil ùr-nòsach.

'S gann gu bheil cuirm-òigridh no fèis no eile gun tig thu a-nis nach eil pìob dè sheòrsa air choreigin air an àrd-ùrlar, ge brith an e a' phìob-bheag no a' phìob-mhòr no a' phìob-uillinn no eile a tha sin.

Agus tha sinn cuideachd a' moladh ceum math eile a chaidh a ghabhail aig a' Chuirm Mhòr, Piping Live, ann an Glaschu an t-seachdain-sa chaidh, nuair a chaidh cuirm gu slàn ann an Gàidhlig a chumail. Ar meal an naidheachd orra, agus tha sinn an dùil agus an dòchas gun leudaich sin cuideachd.

Aig an aon àm chaidh Cuirm Phìobaireachd air leth soirbheachail eile a chumail ann an Inbhir Nis, agus tha iadsan cuideachd an dòchas gun tèid a' chuirm sin a chumail a-rithist agus gu dearbha a leudachadh a-mach gu mòr an ath bhliadhna, ann am Bliadhna Chultarach na Gàidhealtachd 2007.

Ach chan eil cinnt sam bith mu dheidhinn sin, agus mo nàire air "Highland 2007" mura dèan iad làn-chinnteach — le bhith a' toirt làn-thaic airgid seachad — gun tachair sin.

Tha fhios againn glè mhath gu bheil airgead gann, ach bha sinne riamh dhen bheachd gur e na rudan Gàidhlig — an cànan fhèin agus gach nì a tha air an dlùth-cheangal ris a' chànan, mar pìobaireachd is ceòl is iomain is litreachas is eile — a bu chòir a bhith aig teas-mheadhan "Highland 2007".

Math 's gu bheil opara no cuirm-chiùil Bheurla 's e dualchas beò nan Gàidheal a bu chòir a bhith aig teas-mheadhan na cùise, agus mura bheil pìobaireachd faisg air a' mheadhan, faodaidh sinn a bhith glè chinnteach, gu dearbha, nach till MacCruimein.

Tha fianais bheag eile ri mholadh mu thimcheall seo cuideachd, agus 's e sin cho brèagha 's a tha e faicinn gu bheil Caidreachas Màiri Mhòr aig Comhairle na Gàidhealtachd air an cruinneachadh aig Aonghas Mac a' Phì fhòillseachadh.


'S e cruinneachadh de dh'òran Ghàidhlig stèidhichte air ceòl na pìoba a tha seo, fon ainm "The Cruinluath Collection", le CD an cois an leabhair, agus tha an rud gu lèir na dheagh fhianais gu bheil pìobaireachd, mar a' Ghàidhlig fhèin, fhathast beò a dh'aindeoin gach impidh is cuideachd a thàinig òirn, gar putadh a-steach a dh' Uaimh an Òir.

Litrichean gu:

Taigh à Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD

Fòn: 01851 703487
Facs: 01851 706467
sanas@agu.org.uk





BBC Alba

CRAOLADH NAN GAIDHEAL

BBC a' coinneachadh feumalachd sònraichte ann "Am Beul Dhaoine"

Thar nam bliadhnan bha duine an siud is an seo rin cluinntinn ag ràdh gu robh sinn ro fhaicealach air BBC Radio nan Gàidheal an dà chuid a thaobh nan cuspairean leis an robh sinn a' dèiligeadh agus an dòigh anns an robh sinn ga làimhseachadh. Uill, tha mi a' creidsinn gu bheil deasbad ann an sin ann fhèin.

Chan eil teagamh, is iomadh deasbad fìor mhath air cuspairean gu math duilich a th' air nochdadh air leithid prògram Choinnich agus còmhraidhean a' toirt soilleseachadh air beatha phearsanta dhaoine ann an sreathan mar Fasgnadh. Ach airson sin, nuair a thàinig e gu bhith ag ùrachadh clàr Radio nan Gàidheal bha miann ann

àite às ùr a chruthachadh airson rannsachadh, deasbad agus breithneachadh air an iomadh seòrsa cuspair a tha buailteach buaidh a thoirt air ar beatha. Chaidh an dùbhlain sin a thoirt do dh'Annella NicLeòid agus is ann mar sin a thàinig am prògram miosail ùr, "Am Beul Dhaoine" beò. Air an dàrna Diardaoin den mhios bidh Catriona NicNeacail anns a' chathair gar stiùireadh air cuairt a' rannsachadh beachdan air cuspair sònraichte.

Tha Annella ag ràdh gur e a th' anns an amharc àite a chruthachadh far an urrainn cuspairean a rannsachadh ann an doimhneachd tro eòlas phearsanta dhaoine. Tha i airson is gum bi sinne a th' anns an èisteachd air ar brosnachadh gu bhith faighneachd dhuinn fhèin,

"uill, dè a tha mise a' smaoinneachadh mun siud"; a' ceasnachadh ar beachdan fhèin, air neo a' faighinn sealladh às ùr air cuspair air a bheil sin mar-thà a' smaoinneachadh gu bheil sinn eòlach. Tha i airson blas fhaighinn air na còmhraidhean inntinneach a bhios ag èirigh eadar chàirdean nuair a bhios iad a' coinneachadh ge bith an ann aig an taigh, anns an oifis no aig ceann an là a-muigh anns an taigh-sheinnse.

Anns a' chiad prògram san t-sreath b' e clann cuspair na mìos, ach cha robh guth an seo air Dr Tanya air neo a "naughty-step"! B' e a bha fa-near ach na roghainnean agus na taghaidhean a th' aig daoine feuch am bi clann aca air neo nach bi. Agus bha fèin-

fhiosrachaidh aig na bha làthair air a' chuspair, cuid a bha air stri mhòr a dhèanamh gus teaghlach a bhith aca agus cuid eile a bh' air co-dhùnadh gun clann a ghiùlain. Agus ma bha briathran aon tè dhen a bha gabhail pàirt na eisimpleir chaidh aig Am Beul Dhaoine air so-las a leigeil air a' ghnòthach, 's i ag ràdh nach robh duine air faighneachd dhith chun an siud fhèin carson nach robh clann aice.

Air a' mhios-sa 's e cuspair a th' air bilean an t-sluaigh ge bith an iad am Prìomhaire air neo caileagan òga anns an sgoil a tha san amharc, 's e sin biadh agus cuideam. Ach cha bhi comhairle air dè an diet mhiorbhailteach a leigeas leat am bikini a thoirt amach às an drathair ri chluinntinn an seo idir. 'S

e bhios ri fhaighinn ach sùil air cùl-thaobh sin a-steach dhan chàirdeas a tha eadar daoine a tha strì len cuideam agus biadh. Agus an cois sin ceistean dhuinn uile. Dè gu dearbha a tha sinn a' smaoinneachadh nuair a chì sinn cuideigin a tha reamhar agus is dòcha mu ar deidhinn fhèin ma tha sinn gar n-aithneachadh fhèin anns na sgeulachdan.

Ma bhios sibh airson ar beachdan fhèin a chur an cèill as dèidh a' phrògram air neo ma tha cuspair ann tha sibhse a' smaoinneachadh a bu chèir a bhith ann Am Beul Dhaoine cuiribh fios thugainn aig BBC Radio nan Gàidheal an asgaidh air 08000 96 70 50.

Sin Am Beul Dhaoine Diardaoin 10mh Lùnastal aig 1130.

Ruaraidh MacThòmais aig 85



Am bàrd ainmeil, Ruairidh MacThòmais

Mura cuala sibh "Ruairidh MacThòmais aig 85" air BBC Radio nan Gàidheal an t-seachdain a-chaidh tha cothrom agaibh fhathast èisteachd ris a' bhàrd ag aithris 14 dàn agus faclan nan dàn a leughadh air an làrach-lìn bbc.co.uk/alba/radio. Tha Catriona Moireach, a rinn an agallamh, a' mìneachadh mar a chaidh dhi...

B' ann caran eagalach a bha mi a' dol a choinneachadh aon de phrìomh bhàird Ghàidhlig na ficheadamh linn. Chan e idir gu bheil Ruairidh MacThòmais, an duine, a' cur an eagal orm chan eil idir. 'S e a th' ann ach gu bheil spèis mhòr agam dha agus bha eagal orm nach biodh ùidh aige pàirt a ghabhail ann am prògram rèidio a bha mi a' miannachadh a dhèanamh.

Bidh Ruairidh MacThòmais 85 bliadhna a dh' aois air 5 Lùnastal. Tha gu leòr a chanas nach eil duine beò a rinn uimhir airson na Gàidhlig san fhicheadamh linn 's a rinn MacThòmais. Seo an duine a stèidhich an ràitheachan Gairm ann an 1952 agus a dheasaich e fad 50 bliadhna, a chuir Comhairle nan Leabhraichean air chois ann an 1968, a sgrìobh "An Introduction to Gaelic Poetry", a dh' fhoillsich seachd cruinneachaidhean de bhàrdachd, bho "An Rathad Cian" (1970) gu "Meall Garbh" (1995), a dheasaich "The Companion to Gaelic Scotland" agus a bha cuideachd na àrd-ollamh ann an Roinn na Ceilteis an Oilthigh Ghlaschu fad 28 bliadhna.

Bheil duine eile ann an saoghal na Gàidhlig an-diugh a tha cho airidh air urram ris? Chan eil mòran nam bheachd-sa.

An turas mu dheireadh a rinn sinn prògram rèidio còmhla b' ann ann an 1991 nuair a bha e dìreach air a dhreuchd san oilthigh a leigeil dheth. A-nis aig aois 85 bu chaomh leam prògram eile a dhèanamh. Dè tha e air a bhith

ris anns na còig bliadhna deug mu dheireadh? Ciamar a tha e a' faicinn saoghal na Gàidhlig an-diugh? Bheil ùidh aige fhathast ann am poileataigs? Ach os cionn a h-uile càil eile, tha mi airson bruidhinn mun bhàrdachd as ùire aige. 'S ann ainneamh a bhios Ruairidh MacThòmais a' bruidhinn ri duine mu dheidhinn a bhàrdachd. "Tha e nas fhasa bhith ga sgrìobhadh na tha e a bhith bruidhinn mu dheidhinn," 's e a chanas e.

Co-dhiù, tha mi toilichte gu bheil e air aontachadh grèim bidhe a ghabhail còmhla riom agus a' coiseachd sìos an rathad chun an taigh-bidhe tha mi faireachdainn beagan nas dòchasaiche mun gnòthach. Chan eil sinn càil ach air suidhe san taigh-bidhe nuair a tha e a' toirt pios pàipeir às a phòcaid.

"Siud," ars esan, "rud a sgrìobh mi latha roimhe," is e ga shineadh thugam.

"Chan eil ainm air fhathast."

Nuair a choinnich sinn a-rithist bha ainm air, Eun anns an Leas, agus bha am bàrd ga aithris ann an stiùidio air Slighe na Bànrigh Mairead an Glaschu. Bhruidhinn sinn cuideachd mu Leòdhas, mu Ghlaschu, mun Ghàidhlig, mu phoileataigs is gu sònraichte mu bhàrdachd. B' e a chuir iongnadh, agus feumaidh mi ràdh, uabhas, orm gu bheil eadar 3000 is 4000 sreath aig MacThòmais nach eil an clò idir, ri linn, tha e ag ràdh, is nach do lorg e foillsichear fhathast a bha deònach cruinneachadh às ùr a dhèanamh. Bhiodh e math nan deigheadh sin a cheartachadh a dh' aithghearr. Cluinneam am prògram air èist a-rithist air làrach-lìn BBC Radio nan Gàidheal aig www.bbc.co.uk/alba. Chaidh a chraoladh air Diardaoin, 3 Lùnastal. Tha na dàin cuideachd rin leughadh is rin cluinntinn air an làrach-lìn.

Catriona Moireach

"Dè a-nis?" aig Fèis Eilein an Fhraoich



Màrtainn agus Karen bho sgiobaidhean "Dè a-Nis?" agus "Aileag" còmhla ri clann bho Fèis Eilein an Fhraoich. Bha seachdain mhòr aca fhèin agus a' chlann 's iad ag ionnsachadh bho chèile agus a' deasachadh stuth airson nam prògraman. Gu dearbha chòrd e ri na sgiobaidhean cho math is gu bheil iad an dòchas tighinn còmhla a-rithist aig tachartasan eile air feadh na dùthcha. Nochd cuid den stuth a chaidh a chlàradh air "Aileag" agus bidh tuilleadh ri fhaicinn nuair a thilleas "Dè a-Nis?" gu BBC Dha Alba as t-fhoghar.

Àireamh ùr - 08000 96 70 50

Chan eil càil a dhith àireamhan air am feum sinn uile cuimhne a chumail anns an là a th' ann. Àireamhan fòna, àireamhan fòn-làimhe, àireamhan cairtean banca, àireamhan cairtean creideis, àireamhan airson cunntasan air-loidhne agus sin gun ghuth air cinn-là no co-làithean-breith.

Chuireadh e duine sam bith ceàrr.

Ach na gabhaibh dragh, tha sinne seo aig BBC Radio nan Gàidheal a' dèanamh ar dicheall cobhair a dhèanamh oirbh. A-mach le na diofar àireamhan airson diofar phrògraman agus fàilte a-steach air aon àireamh airson gach prògram agus, nas fheàrr buileach,

àireamh nach cosg sgillinn dhuibh - 08000 96 70 50.

Mar sin mas e fiosrachadh air neo dùrachd, ceist air neo freagairt farpais a th'agaibh faodaidh sibh fònadh thugainn an-asgaidh air 08000 96 70 50.

Siuthadaibh, tha sinn a' feitheamh gus cluinntinn bhuaibh.


Tormod MacIleathain, neach fàilteachaidh a' BHC, a bhios ro thoilichte dèiligeadh le daoine air an àireimh ùr.



www.bbc.co.uk/alba

103.5 - 105 FM

BBC Alba





Comhairle nan Eilean Siar

- **A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig aig cridhe cultar na Gàidhlig**
- **A' Toirt Seachad Foghlaim Tro Mheadhan na Gàidhlig**
- **A' Toirt Taic do Mhòdan Ionadail agus Buidhnean Gàidhlig**
- **A' Cur Poileasaidh Dà-chànanach an Gnìomh**
- **Comhairle nan Eilean Siar – Ag Obair Còmhla Airson nan Eilean**



Ballrachd Bòrd Stiùiridh Chomunn na Gàidhlig Riochdaire Coimhearsnachd

Tha beàrn air a' Bhòrd Stiùiridh againn airson riochdaire coimhearsnachd agus tha sinn a' sireadh iarrtasan bho neach sam bith aig a bheil ùidh compàirt a ghabhail ann an obair Chomunn na Gàidhlig mar bhall den Bhòrd Stiùiridh. Tha e an urra ris a' Bhòrd poileasaidhean, ionmhas agus luchd obrach ChnaG a stiùireadh agus bidh dùil gum bidh mu 6 choinneamhan gan cumail sa bhliadhna.

Cha bhith tuarastal an lùib na h-obrach seo, ged a bhios cosgaisean siubhail agus àite-fuirich gam pàigheadh airson a bhith a' frithealadh coinneamhan ChnaG. Ged is ann an Inbhir Nis a bhios a mhòr chuid de choinneamhan, tha e comasach do Buill a' Bhòrd Stiùiridh compàirt a ghabhail aig Coinneamhan le bhith cleachdadh fòn/bhideo.

Ma tha ùidh agaibh anns an obair seo, gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh bho: Dòmhnall Màrtainn, Ceannard, Comunn na Gàidhlig, 71-77 Sràid Chrombail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DG. Àir Fòn: 01851 701802; p-dealain: domhnall@cnag.org.uk

Have your say on the future of Gaelic in Scotland
Tog gu h-àrd guth an t-sluaigh

Le tairg do Chànan na Gàidhlig. Na feulan fho 'Òran' le ceòl fho Chrysalis Music. With thanks to Calum and Rory MacDonald. Lyrics reproduced by kind permission of Chrysalis Music.



Co-chomhairle Phoblach 14mh Lùnastal - 10mh Samhain 2006
Public Consultation 14th August - 10th November 2006


Dh'ainmnich Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 Gàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' dleasadh speis cho-ionann ris a' Bheurla. Anis tha a' bhuidheann a chaidh a cur air bhonn leis an Achd seo, Bòrd na Gàidhlig, ag ullachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig a bhios a' toirt air a' chànan leasachadh agus fàs sna bliadhnaichean ri teachd.

Bu mhath leinn do bharail air Gàidhlig agus na tha roimhe a chluinntinn. Bidh sinn san sgìre agad air na h-oidhcheannan a leanas:

21.08.06: An Lanntair: Steòrnabhagh: 7.30f

22.08.06: Talla Coimhearsnachd: An Tairbeart: 7.30f

Bòrd na Gàidhlig
Darach
Fèith nan Clach
Inbhir Nis IV2 7PA
Fòn: 01463 225454
Facs: 01463 716217
Post-d: oifis@bord-na-gaidhlig.org.uk
www.bord-na-gaidhlig.org.uk



SEIRBHEIS
nam MEADHANAN
GÀIDHLIG



Gaelic
Media
Service



IOMADH GUTH, AON AMAS

Ceartas is cothrom do chraoladh Gàidhlig

Sin a tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig air a bhith sireadh, le taic o chaochladh bhuidhnean agus o choimhearsnachd na Gàidhlig. Anns na còig bliadhna deug mu dheireadh phàigh an t-Seirbheis son còrr is 2000 uair a thìde de phrògraman – còrr is da thrìan de na prògraman Gàidhlig ùra a chaidh a chruthachadh son telebhisean an Alba. Ach chan eil an sin ach eachdraidh. Le sianal digiteach air fàire thig piseach as ùr air craoladh Gàidhlig – adhartas air a bheil an slugh airidh is dligheach.

Chan e seo deireadh na sgeòil ach a toiseach – seirbheis choileanta le Gàidheil, do Ghàidheil, mu Ghàidheil.

SEIRBHEIS
nam MEADHANAN
GÀIDHLIG



Gaelic
Media
Service
Taigh Shìphoirt
Rathad Shìphoirt
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2SD

Fòn: 01851 705550 Facs: 01851 706432
P-dealain: fios@gms.org.uk Làrach-lìn: www.gms.org.uk

